



An Comunn Gàidhealach

Àrd-Oifigear (Chief Executive Officer)

Inbhir Nis (Inverness)

- **Ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil na coimhearsnachd.**
- **Cothrom air a' bhuidheann a stiùireadh gu àm ùr agus brosnachail**

Is e Companaidh Earranta le Barrantas agus Carthannas Albannach Clàraichte a th' anns a' Chomunn Ghàidhealach. 'S e adhartachadh cànan is cultar na Gàidhlig prìomh dhleastanas na buidhne.

Tha a' phrìomh oifis stèidhichte ann an Inbhir Nis.

Prìomh Dhleastanasan

Ag aithris don Chathraiche agus don Bhòrd-stiùiridh, bidh uallach air an neach a tha soirbheachail airson na leanas:

- Pròiseas de leasachadh leantainneach a stèidheachadh agus a stiùireadh airson lìbhrigeadh bliadhna air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus 18 Mòdan Ionadail.
- Conaltradh ri agus leasachadh èifeachdach air a' Bhallrachd.
- Cumail cheanglaichean ri agus a' comharrachadh luchd-urrais ùr agus ag inntrigeadh stòran maoineachaidh bho thobraichean Poblach is Prìobhaideach.
- Ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil na coimhearsnachd.
- Ag adhartachadh sgrùdadh agus leasachadh air cànan, ceòl, dràma agus litreachas na Gàidhlig a thuilleadh air na cruthan ealain eile co-cheangailte uile.
- Gu gnìomhach a' sireadh aithne oifigeil don Ghàidhlig agus cleachdadh air a' Ghàidhlig mar chànan beò agus mar sho-mhaoin nàiseanta do bhuidhnean ionadail, nàiseanta is eile, le bhith a' co-obrachadh leis na buidhnean eile uile a tha an sàs ann an leasachadh agus adhartachadh cànan is cultar na Gàidhlig.
- A' coileanadh mar cheannard làidir don charthannas; mar thosgair dearbhach le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh agus mar stiùiriche deimhinneach is mar dheagh eisimpleir do luchd-obrach is saor-thoilich.
- Stiùireadh obair a' bhuidhinn, riaghladh a ghoireasan, gèilleadh do riatanasan laghail, agus dèanamh cinnteach à deagh chleachdadh anns gach raon den obair.
- Riaghladh a' Bhuidhinn.
- Stiùireadh Ionmhasail.
- Ceannardas, a' taisbeanadh stoidhle ceannardais in-ghabhalach.
- Tagradaireachd is Leasachadh Com-pàirteachais.

Chan eil an liosta gu h-àrd ach mar chomharra a-mhàin agus chan eil i uile-ghabhalach. Bithear a' sùileachadh don Àrd-Oifigear a leithid sin de dhleastanasan a bharrachd a choileanadh agus a tha gu reusanta co-rèireach ris an dreuchd.

Sònrachadh Pearsa

Deatamach

- Fileanta ann an Gàidhlig, an dà chuid labhairte agus sgrìobhte.
- Comas ann an Riaghladh Ionmhasail.
- Sgilean làidir eadar-phearsanta.
- Sgilean conaltraidh air leth còmhla ri comas air do stoidhle stiùiridh atharrachadh gus freagairt air suidheachaidhean agus air daoine fa leth.
- Eòlas air buidheann a riochdachadh aig àrd-ìre le prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach luchd-maoineachaidh/urrais àrd-ìomhaigheil agus an Riaghaltais.
- Eòlas farsaing air Riaghladh, Poileasaidhean agus riatanasan reachdail Carthannais.
- Cliù math ann an stiùireadh togail-airgid shoirbheachail agus a bhith bàigheil ri luchd-urrais a tha san amharc.
- Miann, spionnadh, ionracas agus so-fhreagarrachd.
- Sgilean eadar-phearsanta sàr-mhath agus sgilean conaltraidh labhairte is sgrìobhte anabharrach.
- In-ghabhalach is sùbailte, le dòigh co-chomhairleachaidh ceannardais agus aig an aon àm a' cruthachadh buaidh dheimhinneach is ro-ghnìomhach.

Ion-mhiannaichte

- Bu chòir tuigse a bhith agad do Lagh na h-Alba (bho thaobh barganachadh cùmhnaint)

Na tha ri fhaighinn

- Tuarastal co-ionann ri àrd-ìre na dreuchd
- Càr companaidh
- Peinnean

Modh tagraidh

Bu chòir do thagraidhean ann an cruth CV gnàthaichte agus litir na chois a' togail air do sgilean is eòlas a tha buntainneach don dreuchd, a bhith a-staigh ro mheadhan-oidhche Diluain 16 Dùbhlachd (Seòladh gu h-ìosal)

Tha Page Executive a' gnìomhadh mar bhuidheann fastaidh a thaobh trusadh maireannach agus mar ghnothachas fastaidh a' solarachadh luchd-obrach sealach. Is e Fastaiche Co-ionannachd Chothroman a th' ann am Page Executive.

Seòladh:

PageExecutive

Bill Guthrie

Associate Partner

Page Executive Scotland

180 West George Street, Glasgow, G2 2NR

T: +44 141 331 7964

M: +44 790 021 4954

E: billguthrie@pageexecutive.com

W: www.pageexecutive.com